



AN COMUNN GÀIDHEALACH

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

IUCHAR 2021 / JULY 2021

TEACHDAIREACHD BHO ROWAN

Tha dà mhìos air a dhol seachad on a thòisich mi san dreuchd mar Oifigear Thachartasan agus Conaltraidh Digiteach aig An Comunn Gàidhealach agus ged a tha e air a bhith a' còrdadh rium gu mòr, abair gu bheil tòrr agam ri ionnsachadh fhathast!

Ged a tha mi air a bhith a' cur eòlas air mar a tha cùisean ag obair "air cùl na cùirtearan" aig a' Chomunn, 's e dùbhlan leantainneach a th' ann dhan sgioba a' feuchainn ri tachartasan a chur ri chèile aig àm a' ghalar-mòr sgaoilte, le planaichean agus riaghailtean a thaobh na tha ceadaichte ag atharrachadh cha mhòr a h-uile latha.

'S ann mar seo a tha an t-suidheachadh do gach buidheann sna h-ealain a tha an sàs ann an tachartasan an-dràsta agus ged a tha cùisean air a bhith a-mach às an àbhaist is sinne uile fhathast ag obair aig an taigh, tha luchd-obrach a' Chomuinn air fàilte bhlàth, mhòr a chur orm, a' sealltainn dhomh mar a tha cùisean ag obair agus a' cur nam chuimhne ged a tha dùblain ann an-dràsta, tha sinn fhathast uile còmhla mar choimhearsnachd, ag obair gus ceòl, cultar is Gàidhlig a bhrosnachadh a dh'aindeoin na cnapan-starra.

Tha fhios gum bi cùisean car eadar-dhealaichte airson beagan mhìosan ri thighinn fhathast agus gu bheil cianalas air a h-uile duine airson "na seann làithean" - ach le cinnt, tillidh iad ann an ùine nach bi fada. Ma 's ann air loidhne a tha e, no aghaidh ri aghaidh, tha dòigh sònraichte aig ceòl ann a bhith a' toirt daoine còmhla agus le, cultar agus càirdeas aig cridhe saoghal na Gàidhlig, tha earbsa dhaingeann agam gun tèid an coimhearsnachd bho neart gu neart fhathast agus gum bi deagh hò-rò gheallaidh aig na Gàidheil nuair a choinneachas sinn uile a-rithist!

MESSAGE FROM ROWAN

It's been two months since I started in my position of Digital Communications and Events Officer at An Comunn Gàidhealach and while I've thoroughly enjoyed myself so far, I've still got a lot to learn! While I've been getting to know the "ins-and-outs" of how the organisation works, it's certainly been an ongoing challenge for the team, trying to organise a whole host of events during a pandemic, with plans and covid restrictions, changing nearly every day.

It's the same situation that all organisations across the arts find themselves in just now when trying to programme events and while things are certainly still unusual, with many of us still working from home, the staff at An Comunn couldn't have been more welcoming. Their help and guidance has helped remind me that while the past year has perhaps been more testing than others, we are all still together as a community, working together to promote Gaelic, music and culture – despite the challenges.

While life might remain uncertain for a few months yet and people find themselves pining for normality, there is no doubt the "good old days" will return and that the Gaelic community will endure. Whether it be online or in-person, music has a unique way of uniting people in difficult times – and with culture and friendship at the heart of the Mòd, there is no doubt that the Gaelic community will go from strength to strength yet. One thing is for certain however: there will be a hò-rò gheallaidh to remember, when we're all united again!



Caledonian MacBrayne®
Hebridean & Clyde Ferries



ROYAL NATIONAL MOD 2021 INVERNESS

Mòd Inbhir Nis 2021



SEINN



SINGING



CÒISIREAN



CHOIRS



IONNSRAMAIDEAN



INSTRUMENTS



CLÀRSACH



CLÀRSACH



CEANN-LATHA / DEADLINE: 30/07/21

<https://enter.ancomunn.co.uk/>

CEANN-LATHA IARRTASAN

Ceann-latha larrtasan Mòd Inbhir Nis 2021
S e Dihaoine 30 luchar an ceann-latha airson
cuir a-steach airson Mòd Nàiseanta Rioghail
Inbhir Nis 2021.

Ma tha sibh anns an t-suidheachadh far a
bheil duiligheadas agaibh bhideothan a
chruinneachadh agus a chur thugainn ron
cheann-là, cuiribh fios thugainn cho luath 's a
ghabhas.

Cuimhnichibh, ma tha sibh air pàirt a ghabhail
ann am Mòd Ionadail Air-loidhne am bliadhna,
nach cuir sibh bh' ur bhideothan a-steach
airson a' Mhòd Nàiseanta Rioghail cuideachd.
Chan fheum sibh bhideo ùr a chur thugainn
idir! Cuiribh fios thugainn ma tha ceistean sam
bith agaibh.



ENTRY DEADLINE

The closing date for this year's Royal National Mod
is Friday 30 July.

If any teachers, parents or competitors are in the
position where you may have difficulty with
submitting videos by the deadline, please contact
us as soon as possible so that we can ensure all
names are registered.

Remember, if you have entered a Virtual Provincial
Mod this year, you can also submit your video for
entry to the Inverness Royal National Mod in
October, you do not need to create a new video.
Should you have any questions, please get in
touch.

<https://enter.ancomunn.co.uk/>

Contact mailto:info@ancomunn.co.uk or telephone
01463 709 705.



FARPAISEAN ANN AN CÙIRT EDEN

Thèid cuid de phrìomh fharpaisean a' Mhòid a chumail ann an da-rìreabh ann an Cùirt Eden am bliadhna, eadar an 8mh agus an 16mh den Dàmhair.

Bidh fàilte chridheil air farpaisich gu Mòd Nàiseanta Rìoghail Inbhir Nis. Abair gun do dh' ionndrainn sinn a bhith ag èisteachd ri farpaisean Mòd, beò ann an talla!

Ma tha ùidh agaibh anns na farpaisean a leanas, clàraibh ro Dihaoine 30 Iuchar.



EDEN COURT COMPETITIONS

Some of the premier Mod competitions will take place this year in person, in Eden Court, between the 8th and 16th of October.

We would love to welcome competitors to this year's Royal National Mod in Inverness. How we've missed live competitions at the Mod!

If you are interested in joining us in Inverness and in taking part in any of the following, be sure to register by Friday 30 July.

Òigridh / Junior:

Silver Pendant 13-15 Fluent
Traditional 13-15 Fluent
Traditional 16-18 Fluent
Prescribed 13-15 Learner
Traditional 16-18 Learner

Inbhich / Senior:

Gold Medal
Traditional Gold Medal
Silver Pendant
Prescribed
Duet
Quartet

<https://www.ancomunn.co.uk/nationalmod/mod2021?fbclid=IwAR2vq2puodbnRyladtrmTI--nyQUuLGF72zgqlnuPsDOchjS7yYrezmB4>



Caledonian MacBrayne®
Hebridean & Clyde Ferries



FARPAISEAN SEINN

Bheil ùidh agaibh ann am farpaisean seinn aig Mòd na bliadhna seo? Tha measgachadh de dh' fharpaisean ri fhaotainn airson Mòd air-loidhne agus airson Cùirt Eden. Thoiribh sùil [an seo](#).

FARPAISEAN BEUL-AITHRIS

Ma tha sibh dèidheil air a bhith ag innse sgeulachdan no ag aithris pìos bàrdachd, tha fadachd oirnn cluinntinn bhuaibh! Nach clàr sibh bhideo agus curirbh thugainn e an seo, airson farpaisean beul-aithris Mòd 2021. Tha roinnean òigridh agus inbheach againn, mar sin, tha rudeigin ann dhan a h-uile duine!

FARPAISEAN IONNSRAMAID

Cha robh e a-riamh cho furasta gabhail páirt anns a' Mhòd, 's urrainnear a dhèanamh bhon taigh agaibh fhèin! Siuthad sibh, clàraibh bhideo dhuibh fhèin a' cluich an ionnsramaид is fheàrr leibh. Clàraibh an seo agus leanaibh an stiùireadh.



SINGING COMPETITIONS

Are you interested in taking part in any of our solo singing competitions for this year's Mod? We have a range of competitions on offer for both our online and Eden Court programmes. Have a look at our full list of competitions [here](#).

ORAL COMPETITIONS

Do you enjoy telling stories or reciting poems? If so, we'd love to hear from you! Why not submit a video of yourself sharing a story or poem, to be part of Mod 2021. We have junior and senior oral categories available as part of this year's online programme, so there's something for everyone!

INSTRUMENTAL COMPETITIONS

It has never been so easy to take part in the Mod, you can perform in the comfort of your own home! Go on, send us a video of you playing your favourite instrument. Register here and follow the instructions.



Caledonian MacBrayne
Hebridean & Clyde Ferries



FARPAISEAN DRÀMA

Tha sinn toilichte gu bheil roinnean dràma againn airson òigridh agus inbhich mar phàirt de phrògram air-loidhne airson Mòd na bliadhna seo. Bruthaibh [an seo](#) airson tuilleadh fiosrachaидh mu na farpaisean seo.

FARPAISEAN DANNSA

Ma tha sibh an dòchas cuir a-steach airson farpaisean dannsa airson Mòd na bliadhna seo, 's urrainnear clàradh [an seo](#).

Gheibhear ceangal gu na pìosan ciùil airson gach roinn aig:

<https://enter.ancomunn.co.uk/danssa/>



FARPAISEAN LITREACHAS

Thèid Latha Litreachais a chumail air Diciadain an 13mh den Dàmhair am bliadhna seo. Tha sinn ag obair ann an co-bhonn le Ùghdarris Thèisteanas na h-Alba gus taisbeanadh sònraichte a thoirt thugaibh air-loidhne.

Thèid measgachadh de thachartasan a chumail mar phàirt de dh'iomall a' Mhòid cuideachd. Tha grunn fharpaisean ann an roinnean Litreachais, do dh' òigridh agus do dh' inbhich. Ma tha uidh agaibh ann an sgrìobhadh sgeulachdan, bàrdachd, òrain, ealain, prògraman meadhanan is eile, tadhlaibh an seo airson liosta farpaisean litreachais na bliadhna seo.



ONLINE DRAMA COMPETITIONS

We are delighted to have Junior and Senior drama categories included in this year's online syllabus. View our online syllabus [here](#) for more details.

DANCE COMPETITIONS

If you are looking to enter this year's Royal National Mod dance competitions, you can do so by registering [here](#).

Competitors are asked to submit a video recording to set music. Dancers will choreograph arrangements with help from parents or teachers within their age groupings.

Less experienced competitors may choose to use an existing practice piece.

Set music can be found at:

<https://enter.ancomunn.co.uk/danssa/>

LITERATURE COMPETITIONS

This year's Literature Day will take place on Wednesday 13 October. We are working in conjunction with the Scottish Qualifications Authority to bring you a special online showcase.

The Mod Fringe will also feature a number of events. There is a range of Literature competitions that you can enter. If you enjoy writing stories, poetry, songs, art or creating media programmes, click [here](#) to view the full list of this year's Literary categories.



FARPAISEAN CLÀRSACH

Tha sinn air a bhith ag obair ann an co-bhonn le Comunn nan Clàrsach gus farpaisean Clàrsach a thabhadh aig Mòd Air-loidhne na bliadhna seo. Tha rudeigin ann airson a h-uile duine. Ma tha ùidh agaibh, tadhlaibh [an seo](#) airson clàr-obrach na bliadhna seo.

FARPAISEAN CÒISIR

Tha cuid de na còisirean air a bhith gu math cruthachail thairis air a' bhliadhna a chaidh seachad, le bhith a' coinneachadh air-loidhne, a' cruthachadh bhideothan de gach seòrsa agus, bho chionn ghoirid, a' coinneachadh a-muigh airson cothrom fhaighinn seinn còmhla.

Tha farpaisean còisir againn airson Mòd Air-loidhne na bliadhna seo, do dh' inbhich agus clann. Faodaidh Coisirean a bhith cho cruthachail 's a ghabhas. Ma tha sibh airson ceol-taic a bhith agaibh, chuireamaid failte air sin!

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh aig:

<https://www.ancomunn.co.uk/nationalmod/mod2021>
<https://www.ancomunn.co.uk/nationalmod/mod2021>

FARPAISEAN MAILEÒIDEAN A' TILLEADH!

Tha sinn toilichte innse gum bidh farpaisean maileòidean a' nochdadhar mar phàirt de phrògram an òigridh aig Mòd Nàiseanta Rìoghail Air-loidhne 2021.

Ma bhios sibh a' cluich a' mhaileòidean, nach gabh sibh pàirt - tha fadachd oirnn na farpaisesan seo fhaicinn mar phàirt den Mhòd a-rithist!



CLÀRSACH COMPETITIONS

We have been working in conjunction with The Clàrsach Society to offer a range of Clàrsach competitions for this year's Virtual Mod. There's something for everyone! If you'd like to take part, you can view the full list of competitions [here](#).

CHORAL COMPETITIONS

We have seen that the Choirs have been so creative over the past year, by having choir practices online, creating virtual performances and gathering in person outdoors to practice, whilst socially distancing.

This year's online syllabus offers choral competitions for both junior and senior categories. Choirs can be as creative as they like. Should your choir wish to have instrumental accompaniment, we would be delighted with that!

View the full list of competitions at:

<https://www.ancomunn.co.uk/nationalmod/mod2021>

MEOLODEON COMPETITIONS RETURN!

We are delighted to share that we will be including junior melodeon competitions as part of this year's Virtual programme of the Royal National Mod.

So if you are a melodeon player, why not take part - we can't wait to see the melodeons back at the Mod!



FARPAISICH THALL-THAIRIS

Bha sinn air ar dòigh leis an àireamh de dh' farpaisich bho thall thairis a ghabh pàirt anns a' Mhòd Air-loidhne an-uiridh.

Tha sinn an dòchas gun tig sibh còmhla rinn am bliadhna cuideachd - cha robh e a-riamh cho furasta pàirt a ghabhail anns a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail!



DUAISEAN A' MHÒID

Ma tha duais agaibh fhathast bho Mòd Nàiseanta Rìoghail 2019 ann an Glaschu, bu chòrr dhuibh fios a chur gu <mailto:seonag@ancomunn.co.uk> no cuiribh fòn thuice air 01463 709 705 gus na duaisean agaibh a thilleadh thugainn.

Leis gu bheil an luchd-obrach againn fhathast ag obair bhon taigh, bidh agaibh ri ceann-latha a chur air dòigh airson an tilleadh. Na tillibh iad chun oifis againn gun bruidhinn ri Seonag an toiseach.



OVERSEAS COMPETITORS

We were delighted with the number of entries we had from overseas for the Virtual Mod last year.

We hope you will join us this year too - it had never been so easy to take part in the Royal National Mod! A full list of competitions can be found [here](#).

MOD TROPHIES

If you still have a trophy from the 2019 Royal National Mod in Glasgow, please contact <mailto:seonag@ancomunn.co.uk> or telephone 01463 709 705 to arrange their return to An Comunn Gàidhealach.

As our staff are still working from home, a suitable date will have to be agreed with Seonag for their return, please do not take them to our offices until an arrangement has been made.



Senior Solo = £8.00
Junior Solo = £5.00
Senior Duet = £12.00
Junior Duet = £8.00
Senior Group = £16.00
Junior Group = £8.00
Senior Choir = £30.00
Junior Choir = £10.00

Senior Piping = £8.00
Senior Literature = £8.00
Junior Literature = £5.00
Senior Oral = £8.00
Junior Oral = £5.00
Junior Piping = £5.00
Senior Instrumental = £8.00
Junior Instrumental = £5.00
Scottish Dancing = £8.00

BALLRACHD A' CHOMUINN

A bheil sibh n' ur ball den Chomunn Ghàidhealaich? Bidh buill a' Chomuinn a' faighinn lùghdachadh 50% air cosgaisean ticeadan a' Mhòid - 's e sàbhalaich mòr a tha seo dhuibh, gu h-àraidih ma bhios sibh a' frithhealachd mòran thachartasan seachdain a' Mhòid.

Ma tha sibh airson ballrachd am bliadhna a phàigheadh no ma tha sibh airson ballrachd a thoirt a-mach tadhlair air:

www.ancomunn.co.uk

Ballrachd:

£15 (inbhich)
£5 (oileanaich)

JUSTGIVING

Ma tha sibh airson taic a thoirt dhan obair againn agus tabhartas a thoirt seachad, faodaidh sibh sin a dhèanamh tron duilleag JustGiving againn.



Donate to
An Comunn
Gaidhealach

AN COMUNN GÀIDHEALACH MEMBERSHIP

Are you a member of An Comunn Gàidhealach?

All members of An Comunn Gàidhealach receive a discount of 50% on Mod tickets - that's a big saving, particularly if you hope to attend a number of Mod events during the course of the week.

To renew your membership or to become a member, please login or register via the following link:

<https://enter.ancomunn.co.uk/>

Membership

£15 (adults)
£5 (students)

JUSTGIVING

Should you wish to support the work of An Comunn Gàidhealach, please feel free to make a donation via our JustGiving page.





AN COMUNN GÀIDHEALACH

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

THA SINN A' LORG UR BEACHDAN!

Tha sinn gu làithreach an sàs ann an ath-sgrùdadh a dhèanamh air clàr-obrach a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail airson Mòd 2022 agus Mòdan eile san àm ri teachd. Chuireadh sinn failte air beachdan bho fharpaisich, pàrantan, tidsearan agus com-pàirtichean, mar thaic dhuinn sa phròiseas ath-sgrùdaidh seo.

Feuch gun lòn sibh a-steach an ceisteachan goirid seo nach toir ach 2 mhionaid ri dheanamh. Dùinidh an ceisteachan air **Dihaoine 6mh Lùnastal.**

[https://www.surveymonkey.co.uk/r/RTZG3JC?
fbclid=IwAR1Nic06KE9oYbGJvamYPO5AUfYbQy0ASs19jcDc5T7Y_237DJDJZEScloc](https://www.surveymonkey.co.uk/r/RTZG3JC?fbclid=IwAR1Nic06KE9oYbGJvamYPO5AUfYbQy0ASs19jcDc5T7Y_237DJDJZEScloc)


WE WANT TO HEAR FROM YOU!

We are currently in the process of reviewing the Royal National Mòd Syllabus for Mòd 2022 and future Mòds. We would welcome views from competitors, parents, teachers and partners to support us in this review process.

Please complete this short, 2-minute questionnaire. The questionnaire will close on **Friday 6th August.**

Please share!

[https://www.surveymonkey.co.uk/r/RTZG3JC?
fbclid=IwAR1Nic06KE9oYbGJvamYPO5AUfYbQy0ASs19jcDc5T7Y_237DJDJZEScloc](https://www.surveymonkey.co.uk/r/RTZG3JC?fbclid=IwAR1Nic06KE9oYbGJvamYPO5AUfYbQy0ASs19jcDc5T7Y_237DJDJZEScloc)



Caledonian MacBrayne®
Hebridean & Clyde Ferries



Cèilidh mun chagailt còmhla ri Linda NicLeòid

Diardaoin 29mh Iuchar aig
7.30f tro Zoom

Fireside ceilidh with Linda Macleod

Thursday 29 July at
7.30pm via Zoom



Clàraibh an seo: <https://seiseanseinnlindanicleoid.eventbrite.co.uk>



Le taic shonraichte bho Bhòrd na Gàidhlig tha
An Comunn Gàidhealach agus Fèisean nan
Gàidheal air leth toilichte a bhith ag obair
comhla airson seiseanan seinn, no 'Cèilidh
mun Chagailt', a chur air doigh ann an co-
bhonn ri na Mòdan is Fèisean ionadail ann an
coimhersnachdan air feadh na dùthcha.

Bidh fàilte bhlàth romhaibh uile, sean is òg a
bhith an làthair tro Zoom airson beagan seinn
a dhèanamh còmhla ris an sàr sheinneadair,
Linda NicLeòid!

Diardaoin 24 Ogmhios aig 730f air Zoom

[Seisean Seinn: Òrain Uibhist le Linda NicLeòid](#)
[Tickets, Thu 29 Jul 2021 at 19:30 | Eventbrite](#)

With funding support from Bòrd na Gàidhlig,
An Còmunn Gàidhealach and Fèisean nan
Gàidheal are delighted to be working
together and in partnership with local mods
and Fèisean across the country to host a
number of Gaelic song sessions, 'Cèilidh mun
Chagailt', over the coming months.

The next session will be led by the wonderful
Gaelic singer, Linda MacLeod. There is a very
warm welcome to all, both young and old, to
take part in this online sing along.

Thursday 29th July at 730pm via Zoom

[Seisean Seinn: Òrain Uibhist le Linda NicLeòid](#)
[Tickets, Thu 29 Jul 2021 at 19:30 | Eventbrite](#)

COMUNN NA CLÀRSAICH

Bidh Comunn na Clàrsach a' comharrachadh an 90mh bliadhna aca air a' bhliadhna seo - meal an naidheachd orra!

Tha An Comunn Gàidhealach gu bhith ag obair còmhla ri Comunn na Clàrsach gus seo a chomharrachadh seachdain a' Mhòid, le tachartas sònraichte air-loidhne.

Cumaibh sùil air na meadhanan sòisealta againn anns na seachdainean a tha romhainn airson tuilleadh fiosrachadh.



THE CLARSACH SOCIETY

The Clarsach Society are celebrating their 90th birthday this year – congratulations!

To mark this momentous occasion, An Comunn Gàidhealach is working with The Clarsach Society to bring you a special online event during Mod week, in celebration of their 90 years.

Keep an eye on our social media channels in the coming weeks for more details about this fantastic event.



#cleachdi
aigantaigh

Mòd Ionadail Inbhir Nis

Inverness Provincial Mod



Mòd Ionadail Inbhir Nis air-Loidhne 2021

Feuch gun tig sibh còmhla rinn airson taghadh bho
Mhòd Ionadail Inbhir Nis 2021 air-loidhne!

'S urrainnear a choimhead fius mur a bheil cunntas
Facebook agaibh.

Tadhlaibh an seo:

<https://www.facebook.com/meurinbihnis>

Dihaoine 30 an t-luchar aig 7 feasgar

Join us to enjoy the highlights from the various video submission categories for the 2021 Inverness Virtual Provincial Mòd.

You can view even if you do not have a Facebook account. Click on the following link:

<https://www.facebook.com/meurinbihnis>

Friday 30 July 2021 at 7pm



Caledonian MacBrayne®
Hebridean & Clyde Ferries



Mòd Ionadach na Dreòlluinn

Tha Comataidh Mòd Ionadach na Dreòlluinn an dòchas gun tèid aca air Mòd abhaisteach a chur air dòigh am bliadhna, a rèir na riaghailtean a bhios ann san t-Sultain.

Tha tuilleadh fiosrachaидh air an làrach lìn aca:

www.mullmod.org.uk

Mull Provincial Mod

The Mull Provincial Mod Committee hopes to stage a normal Mod, in person this year in September, should the rules permit.

Visit their website for further information:

www.mullmod.org.uk



BÀRD A' CHOMUINN

A chàirdean agus a bhanachàirdean còire

Tha e cho math leughadh mu phlanaichean A' Chomuinn
Gàidhealaich airson tachartasan beò agus an làthair aig
Mòd Nàiseanta Rìoghail Inbhir Nis san Dàmhair. Nach sinn
uile a tha air a bhith ag ionndrainn ciùil beò còmhla ri chèile
gu cianail, o chionn bliadhna gu leth. Abair cùis
gàirdeachais gu bheil na cothroman airson an leithid a'
tilleadh thugainn, mean air mhean.

Fhuair mi coimisean ùr bàrdachd bho Literature Alliance Scotland o chionn mìos, san sreath ùr acasan 'Literature Talks'; agus sgriobh mi mun chuspair seo fhèin. Chì sibh an dàn agam 'Prìosanachd nan Còisir' aig a' cheangal seo (agus cluinnidh sibh mi ga leughadh):

<https://literaturealliancescotland.co.uk/literature-talks/sandy-nicdhomhnaill-jones-priosanachd-nan-coisir-the-choirs-imprisonment/> Tha an dàn cuideachd an cois gu h-ìosal.

Chleachd mi samhlaichean 'pràmh' agus 'prìosan', gus an cianalas-ciùil againn tron àm-ghlasaidh a chur an cèill; agus cruth co-chothromaichte san sreath bàrdachd fhèin, mar shamhla prìosain eile (sonaid aig teas-mheadhan an sreatha, le lethrann, haiku, ceathramh agus rondeau, ann am breathan aig gach taobh na sonaid). Faisneis air 'Nabucco' le Verdi, agus Salm 137 cuideachd!

Dh'fhaodamaid ceart cho math cliath-ciùil no teudan clàrsach fhaicinn mar shamhla eile - faicibh an dealbh an cois! Tha mi an dòchas gun còrd an dàn riabh.

Nochdaidh mi ann an dà thachartas eile san sreath 'Dithis' sna seachdainean romhainn. Anns a' chiad fhear, air 29 luchar, bidh mi ann an còmhradh leis an Ollamh Máire Ní Annracháin MRIA, air triùir 'sheudan' litreachas nua-Gàidhlig na h-Alba agus na h-Èireann. Leughaidh mi cuideachd beagan earrannan às an Leabhran bàrdachd 'An Naomhsgeul as Buaine', an coimisean ùr agam bho Acadaimidh Rìoghail na h-Èireann, a' comharrachadh 1500 bliadhna on a rugadh Calum Cille.

Anns an dàrna tachartas 'Dithis', air 12 Lùnastal, bidh mise agus an Dr Alasdair Mac'IllieBhàin, 'Tosgaire na Gàidhlig' a' leughadh bàrdachd agus a' gabhail òrain às na leabhraichean agus clàraighean ùra againn: 'An Seachdamh Tonn' agamsa, a nochd ann an clò san Ògmhios; agus 'Maim-slè' aig Alasdair. Bidh sinn cuideachd ann an còmhradh air ar cuid sgrìobhaidh - le Cathy Bhàn sa chathair.

SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

Nochdaidh mi aig Feis Bhaile na h-Ùige - beò agus an làthair, mu dheireadh thall! - agus aig Fèis Nis, air loidhne, aig toiseach an Dàmhair; a' taisbeanadh dàn agus òran às 'An Seachdamh Tonn'. Bidh mi cuideachd a' taigse roghainn às an leabhar aig tachartas bogaidh air Latha Litreachais aig Mòd Nàiseanta Rìoghail Inbhir Nis san Dàmhair. An dòchas ur faicinn ann!

Cùmaibh slàn agus sàbhailte, a chàirdean.

Beannachdan cridheil.

Sandaidh



BÀRD A' CHOMUINN

Dear Friends

It is so good to read about An Comunn Gàidhealach's plans for live, in-person events at the Inverness Royal National Mòd in October. We have all been missing communal music-making together so painfully keenly, for a year and a half now. It's a genuine cause for celebration that those opportunities are gradually opening up again to us.

I received a new poetry commission a month ago, from Literature Alliance Scotland, for their new series 'Literature Talks'; and I chose to write on this very subject. You may see my poem 'The Choirs' Imprisonment' at this link (and hear me reading the poem):

<https://literaturealliancescotland.co.uk/literature-talks/sandy-nicdhomhnail-jones-priosanachd-nan-coisir-the-choirs-imprisonment/> It is also included below.

I employed the metaphors of grief and imprisonment to convey our longing for music during lockdown; and also a symmetrical structure within the suite of verses itself, as an additional metaphor of imprisonment (a sonnet at the heart of the suite, with a couplet, haiku, quatrain and rondeau, in layers on each side of the sonnet). There's a hint of Verdi's 'Nabucco' and Psalm 137 in there, too! We might, for example, also imagine musical staves or harp-strings as other metaphors – see the image below! I hope you enjoy this poetry.

I will be appearing at two further events in the series 'Dithis' in the weeks ahead. In the first one, on 29 July, I will be in conversation with Professor Máire Ní Annracháin MRIA, about three 'stars' of modern Scottish Gaelic and Irish Gaelic literature. I will also read some excerpts from Cantos in my booklet of poetry 'The Most Enduring Fable', my new commission from the Royal Irish Academy, commemorating 1500 years since St Columba's birth.

In the second 'Dithis' event, on 12 August, I and Dr Alasdair Whyte, 'Gaelic Ambassador' for An Comunn, will be reading poetry and singing songs from our new books and recordings: my book 'The Seventh Wave', which was published in June; and 'Maim-slè' ('Torrent') by Alasdair. We will also be in conversation about our writing – with Cathy Bhàn in the Chair.

I will be appearing at the Wigtown Book Festival – live and in person, at long last! – and at the Ness Book Festival, online, at the beginning of October; showcasing poems and songs from 'The Seventh Wave'.


SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

I will also offer selections from the book at a launch event during Literature Day at the Inverness Royal National Mòd in October. I hope to see you there!

Keep safe and well, friends.

Warm wishes.

Sandy



BÀRD A' CHOMUINN

Prìosanachd nan Còisir

1. Fuirich a-staigh! Na gluais bhon taigh!

2. Rabhadh is bacadh! -
gun ur còisir a' cleachdad
ach gun fhuaim, 's fo ghruaim.

3. Dhan donas an staing!
Glas-guib air beul na còisire;
làmhan an stiùiriche cuibhrichte;
a' Cheòlraidh fo ghlais 's fo chuing.

4. Ghoid an glasadhar ceòl, ar brìgh bhitheil -
'Na seinn, na gleus fidheall no cruit!'
Dhiùlt iad an tlachd as prìseil',
's tha ar n-anam fo phràmh is ìseal:
'Na tog guth! Bi sàmhach 's diùid!'

5. An t-Sonaid-Bhraighe

San t-sàmhchair chruaidh, gun fhonn 's gun cheòl
Shuidh sinn gu brònach bochd;
is ghuileadh leinn gu goirt 's fo dheòir
le ar clàrsach 's ar guth nan tost.
Oir chuireadh casg air còisirean
tighinn còmhla 's togail fuinn;
cha cheadaichte ar companas
is toirmisgte dhuinn ar seinn.

Na ceannardan a rinn bràighean dhinn'
's a thug sa phrìosan balbhachd sinn,
cha tuig iad an ciont gu bràth.
Ach mairidh ar ceòl bho linn gu linn:
an seo air cuirm-chiùil chuimhnich sinn,
is molar ar seirm - le àgh.

6. Nis! - cluinnear, à stèideam ball-coise
's à taigh-seinns' - eubhach àrd.
Fir bras, raoit, mu sgaoil nas tràithe
na sinn' - a tha fhathast nar bràighean -
's nach maoidh air càch: ceòladair, bàrd.

7. Nàire! Cha ghabh sinn fiù 's
ri aon leisgeul faoin a bharrachd!
Mallachd air eu-cheart 's air na clachan
maslach air càrn a' chiùil.

8. Gun an còrr dàlach
air saorsa nan neo-choireach -
oir foghnaidh ar creach!

9. Nach b' fhiach? - Is fhiach! Briseamaid a-mach!

SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

The Choirs' Imprisonment

1. You must stay indoors! You may not leave your home!

2. Prohibited acts! -
all choir rehearsals must be
noiseless and grim-faced.

3. Damn this wretched impasse!
Our choristers all muzzled,
the conductor's hands chained,
the muses in bondage, held hostage.

4. Lockdown stole our music, our very being -
'No singing, no tuning fiddles and harps!'
Denied our most precious pleasure,
dejected and sorely downhearted:
'Not a sound from you! Silence, forbear!'

5. The Captive Sonnet

In cruel silence, robbed of tune and melody
here we sit sad and sorrowing;
yea, we weep and shed bitter tears,
our harps and our voices mute.
Our choirs are prevented
from gathering and joining in song;
our companionship prohibited
our music-making forbidden.

The rulers who hold us captive
and threw us muted into prison
will never grasp their guilt.
Yet our music will ever outlast them:
for here we remembered our concerts,
performing to joyous praise.

6. What's that now! - noisy shouting
from football stadiums and pubs.
Reckless, rowdy men, on early release -
while we're still held captive - though we pose
no threat, as musicians and poets.

7. For shame! We will not accept
a single further empty excuse!
This accursed injustice's a disgrace -
as are the stones piled upon music's cairn.

8. No more delay now
in freeing the innocent -
our torment must end!

9. Nothing to lose, everything to gain! Let's stage a breakout!

SEÒLAIDHEAN PUIST-DEALAIN AIRSON BUILL A' CHOMUINN

Ma tha sibh nur ball den Chomunn Gàidhealach, bhitheamaid fada nur comain nan dèanadh sibh cinnteach gu bheil am fiosrachadh pearsanta agaibh ceart anns a chunntas agaibh.

Gheibh sibh a-steach dhan chunntas agaibh an seo: <https://enter.ancomunn.co.uk>

Gu sònraichte, dèanaibh cinnteach gu bheil seòladh post-dealain againn dhuibh, gus am bidh sibh a' faighinn fiosrachadh bhuainn.

Cuiribh fios gu peigie@ancomunn.co.uk airson tuilleadh fiosrachadh.

BÙTH A' CHOMUINN

Tha Bùth a' Chomunn Ghàidhealaich dùinte an dràsta don phoball ach 's urrainn stuth a cheannachd air-loidhne [an seo](#). Thoiribh suil agus ma tha càil ann a tha sibh airson a cheannach, gheibhear e an sin.

Tha Buill a' Chommuinn a' faighinn lughdachadh 10% air nithean sa bhùth. Ma tha sibh a' lorg rudeigin nach eil anns an stòr againn, cuiribh fios gu: peigie@ancomunn.co.uk

E-MAIL CONTACTS FOR AN COMUNN GÀIDHEALACH MEMBERS

If you are a member of An Comunn Gàidhealach, please check your details are correct in your online account.

You can access your account here:
<https://enter.ancomunn.co.uk>

Please ensure we have an email address for you, so that you will receive future correspondence from the organisation.

Please contact peigie@ancomunn.co.uk for further information.

AN COMUNN GÀIDHEALACH SHOP

The An Comunn Gàidhealach Shop is closed to customers but our online facility is available [here](#). Have a browse and if you see anything you fancy, you can order it there.

Members of An Comunn Gàidhealach receive a 10% discount. If you are looking for something in particular, but cannot see it on our website, please do not hesitate to contact us:

peigie@ancomunn.co.uk



CEÒLAS A SIREADH ÀRD-OIFIGEAR

Tha Ceòlas a' sireadh Àrd-oifigear ùr. An dèidh iomadh bliadhna de shaothair is seirbheas aig Ceòlas, bidh Màiri Schmöller a' leigeil dhith a dreuchd aig deireadh na bliadhna.

Tha Ceòlas ag iarraidh gum bidh Gàidhlig aig an Àrd-Oifigear le comas dearbhte ann a bhith a' cleachdad a' chàinain, cuide ri ùidh mhòr ann an cultar is dualchas na Gàidhlig agus cultar agus na h-ealain san fharsaingeachd.

Cuiribh post-dealain thugainn aig recruitment@brucetaitassociates.com no cuir fòn air 01786 542 224 airson pasgan fiosrachaidh agus tuairisgeul obrach.

Tha sinn a' moladh gun cuir sibh fios thugainn ron cheann-latha airson ùine a thoirt dhuinn beachdachadh air iarrtasan.

Ceann-latha son iarrtasan: Meadhan-latha, Dimàirt 17mh Lùnastal

Latha nan agallamhan: Diluain 30mh Lùnastal

Barrachd fios:

[Recruitment - Àrd-Oifeagar | Ceolas Uibhist](#)

CEÒLAS SEEKS CHIEF EXECUTIVE

Ceòlas seeks Chief Executive. After many years of exceptional service to the organisation, Mary Schmöller will be retiring from Ceòlas at the end of the year.

Ceòlas require the Chief Executive to be a Gaelic speaker who has demonstrable ability in the language and a passion for Gaelic culture and heritage as well as the broader arts and culture sector.

Please email us at: recruitment@brucetaitassociates.com or call us on 01786 542 224 to request an information pack, full job description and person specification.

You are advised to get in touch well in advance of the closing date to give us time to consider your application and pre-interview the strongest applicants.

Closing Date: Midday, Tuesday 17th August
Interview Date: Monday 30th August.

More info:

[Recruitment - Àrd-Oifeagar | Ceolas Uibhist](#)

ceòlas

CLEACHDADH NA GÀIDHLIG AIR-LOIDHNE

Tha Bòrd na Gàidhlig agus Fearann Coimhearsnachd na h-Alba (Community Land Scotland) air leth toilichte innse gu bheil oifigear ùr air fhastadh gus tòiseachadh air conaltradh coimhearsnachd a mheudachadh airson a' Ghàidhlig a neartachadh anns na h-Eileanan an Iar agus na h-eileanan ann an Comhairle na Gàidhealtachd agus Earras-Ghàidheal is Bòd.

Bidh an t-oifigear ùr, Criosaидh NicGilliosa à Ratharsair, ag obair le Fearann Coimhearsnachd na h-Alba airson a' Ghàidhlig a neartachadh ann an obair agus ballrachd na buidhne, agus taic a thoirt do thagraichean gus pròiseactan leasachaидh Gàidhlig a leasachadh agus a libhrigeadh.

Tha BnG a' guidhe gach soirbheachas dhi san dreuchd ùr seo.

Tuilleadh ri leughadh an-seo:

Pileat coimhearsnachd a' tighinn air adhart gu math - Bòrd na Gàidhlig (gaidhlig.scot)



ENGAGING WITH GAELIC ONLINE

Bòrd na Gàidhlig and Community Land Scotland are delighted to announce that a new officer has been appointed to begin work on increasing community engagement for strengthening Gaelic in the Western Isles and the islands of Highland and Argyll & Bute Council areas.

The new officer, Chrissie Gillies from Raasay, will work with Community Land Scotland to both strengthen Gaelic in their own work and membership, and support applicants to develop and deliver Gaelic development projects.

BnG wishes her every success in this new role.

Continue reading here:

Community pilot is well underway – Bòrd na Gàidhlig (gaidhlig.scot)

“

Tha mi air bhioran mun chothrom seo a bhith ag obair le coimhearsnachdan gus pròiseactan làidir a leasachadh a tha gan stiùireadh leis na coimhearsnachdan fhèin. Tha mi cinnteach gum bi fior dheagh thagraighean againn anns na mìosan a tha romhainn.

”



THA BÒRD NA GÀIDHLIG
A' SIREADH

Manaidsear Foghlaim

⌚ Fòrladh Màthaireil

£ B3 (Tuarastal £39,132 – £47,065)

📍 Sùbailte

📅 23/08/2021

THA BÒRD NA GÀIDHLIG
A' SIREADH

Oifigear Leasachaидh (Tidsearan)

📍 Sùbailte

£ B2: £31,226 - £35,813

📅 23/08/2021

Obraichean Gàidhlig

MUR DEIDHINN

Chaidh Obraichean Àgidhlig a stèidheachadh ann an 2016 airson sanasan-obrach ri linn na Àgidhlig a shanasachd air-loidhne. Bhon uair sin, tha còrr is 1,000 dreuchdan Àgidhlig air a bhith ri fhaighinn air feadh na h-Alba.

OBRAICHEAN

Faic na h-obraichean a tha ri fhaighinn an-dràsta agus dèan tagradh.

CLÀRAICH

Clàraich leinn airson cunntas-bheatha, rabhaidhean no chomharrachean a dhèanamh.

DÈAN SANAS-OBRACH

Cuir sanas-obrach air an làrach saor an-asgaidh 's lorg luchd-tagraigdh.

CUAIRT-LITIR

Clàraich airson ar chuairt-litir 's gheibh thu fios air obraichean ùra.

OBRAICHEAN ÀRIDHЛИG RI FHAIGHINN AN-DRÀSTA

Gheibh sibh an seo na h-obraichean Àgidhlig a tha air an sanasachd an-dràsta air feadh na h-Alba.

[Obraichean / Jobs > Obraichean Àgidhlig](#)

ABOUT OBRAICHEAN ÀRIDHЛИG

Obraichean Àgidhlig was founded in 2016 to help advertise Gaelic job vacancies online. Since then, over 1,000 positions have been advertised from across Scotland.

JOBS

See what jobs are currently available and apply.

SIGN UP

Register on the site to create a CV, alerts or bookmarks.

POST A JOB

Post your job on the site for free and find applicants quickly.

NEWSLETTER

Sign up to our newsletter to get new jobs to your inbox when they're posted

GAEILIC JOBS AVAILABLE RIGHT NOW

Here you'll be able to find all of the Gaelic jobs listed right now across Scotland.

[Obraichean / Jobs > Obraichean Àgidhlig](#)



SRUTH: COIMISEAN ÙR MAR CHOMHARRA AIR COLMCILLE 1500

Tha Colmcille 1500 a' comharrachadh beatha agus dìleab Chaluim Chille, 1,500 bliadhna bho rugadh e. Bidh a' bhliadhna a' brosnachadh dualchas an naoimh agus abaid Eilean ì a bha a' ceangal Èirinn, Alba agus nas fhaide air falbh.

Mar chomharra air a' chlach-mhile seo, le tabhartas bho Cholmcille aig Bòrd na Gàidhlig, tha Fèisean nan Gàidheal a' sireadh thagraidhean bho cheòladair le Gàidhlig stèidhichte ann an Alba, co-obrachadh a dhèanamh le neach-ciùil air taobh thall Sruth na Maoile, taisbeanadh ciùil a chur ri chèile a bhios ri chluinntinn aig Blas 2021. Mairidh an taisbeanadh mu 30 mionaidean le dual-cheòl is òrain Albannach is Èireannach.

Thèid seo a chlàradh ro làimh aig astar le compàrtichean bho air feadh iomairt nam Fèis, a bharrachd air luchd-cluiche òg à Èirinn agus à Ceap Breatainn, agus thèid a shruthadh mar phàirt de dh'Fhèis Bhlas na bliadhna-sa san t-Samhain.

Tuilleadh fiosrachadh ri fhaighinn tron cheangal seo agus feumaidh tagraighean a bhith aig Nicola Simpson tro phost-d nicola@feisean.scot ro 5:00f Dihaoine 6 Lùnastal 2021.

SRUTH: A NEW COMMISSION TO CELEBRATE COLMCILLE 1500

Colmcille1500 celebrates the life and legacy of St Columba, 1500 years from his birth. It promotes the heritage of the saint whose abbey of Iona linked Ireland, Scotland and beyond.

To mark this year Fèisean nan Gàidheal, with support from Bòrd na Gàidhlig's Colmcille Fund, is seeking proposals from a Gaelic-speaking musician, based in Scotland, to work alongside a musical partner in Ireland, to arrange suitable traditional music and Gaelic song for a performance to be premiered online at Blas 2021 as part of a new project celebrating this special anniversary.

The proposed performance should last approximately 30 minutes and include traditional Scottish and Irish music and song. This will be pre-recorded remotely by participants from across the Fèis movement, as well as young musicians from Ireland and Cape Breton, and the performance will be streamed as part of this year's Blas Festival in November.

More information can be found [here](#) and proposals should be submitted to Nicola Simpson - nicola@feisean.scot - by 5:00pm on Friday 6th August 2021

feisean.org/colmcille1500 - information'. Logos for various sponsors are at the bottom."/>

Coimisean Ùr | New Commission

£2,000 gus taisbeanadh ciùil a chruthachadh le luchd-ciùil òga
£2,000 available to create a musical performance with young musicians

Tagraighean ro 6mh Lùnastal | Proposals by 6 August
Fiosrachadh - feisean.org/colmcille1500 - information



BLAS*festival*

Comunn na
Gàidhlig



Tha Comunn na Gàidhlig a' sireadh Oifigearan Leasachaidh!

An t-Òban ~ Ceann a Deas an t-Eilein Sgitheanaich ~
Steòrnabhagh & Sgoil 'Ic Neacail ~ Iar Thuath Leòdhais
Sgìre Ùige Leòdhais ~ Na Hearadh

Ceann Latha: 5f 13/08/2021

Barrachd Fiosrachadh air
Obraichean Gàidhlig



#cleachdi
aigantaigh



CABADAICH LE CNAG

C1-3 ~ 03/08/2021

C4-6 ~ 04/08/2021

C7-S2 ~ 05/08/2021

Cothrom do òigridh Gàidhlig a'
chleachdadadh air loidhne ann an
dòigh mi-fhoirmeil is spòrsail! |

An opportunity for young
people to use Gaelic in an
informal and fun setting online!

SEALL IS INNIS & FARPAIS CEIST SHOW AND TELL & QUIZ

Airson barrachd fiosrachad/For more
information: ailease@cnag.org

#cleachdi
aigantaigh

DITHIS

Tachartas beò air-loidhne le còmhradh eadar Sandaidh NicDhòmhnaill Jones, Bàrd a' Chomuinn Ghàidhealaich agus an t-Ollamh Máire Ní Annracháin, air seudan litreachas Nua-Ghàidhlig na h-Èireann agus na h-Alba.

Dithis: Sandaidh NicDhòmhnaill Jones & Máire Ní Annracháin Tickets, Thu 29 Jul 2021 at 19:30 | Eventbrite



Sandaidh NicDhòmhnaill Jones

Dithis

A live online event with An Comunn Gàidhealach Bàrd, Sandy NicDhòmhnaill Jones and Professor Máire Ní Annracháin, in conversation about the magnificent Modern Gaelic writers from Scotland and Ireland.

Dithis: Sandaidh NicDhòmhnaill Jones & Máire Ní Annracháin Tickets, Thu 29 Jul 2021 at 19:30 | Eventbrite



Máire Ní Annracháin

#cleachdi
aigantaigh

LEUGH IS SEINN LE LINDA

Bidh 'North Lanarkshire Gaelic' a' craoladh seisean 'Leugh is Seinn le Linda' gach dà sheachdain tron t-samhradh!

Bidh dà sheisean ag amas air 0-5 Bliadhna agus an dà eile air Clas 1-3.

Chaidh a' chiad sheisean a chraoladh air Diciadain 30mh Ògmhios agus nach sinne a bha air bhioran! Thigibh agus seinnibh 's leughaibh stòiridh còmhla ri Linda!

Tadhlaibh air an duilleag Facebook aca airson tuilleadh fiosrachaidh:

<https://www.facebook.com/NLCGaelic/>

LEUGH IS SEINN LE LINDA

'North Lanarkshire Gaelic' will be broadcasting a session of 'Leugh is Seinn le Linda' every two weeks throughout the summer!

Two of the sessions are aimed at children of 0-5 years and the other two at P1-3.

The first session was broadcast on Wednesday 30th June and it was fantastic! Come along to have a sing and read a story with Linda!

Taing mhòr do Linda agus Comhairle nan Leabhrachaean.

Visit the North Lanarkshire Gaelic page for more information:

<https://www.facebook.com/NLCGaelic/>



#cleachdi
aigantaigh



Fios air Fuaimean

Dèan practas air fonaigs Ghàidhlig leis an app eadar-obrachail againn.

01851 700880
ofis@storlann.co.uk
www.storlann.co.uk/fios-air-fuaimean

GET IT ON Google Play
Download on the App Store

Gàidhlig nan Òg

www.gaidhlig-nan-og.scot

Giog Ort!

Filmichean goirid Gàidhlig

Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig
Bòrd na Gàidhlig
Comann nam Parant
Scottish Government Rìaghaltas na h-Alba gov.scot

Faclan Falaichte anns a Ghàidhlig!

Download on the App Store
GET IT ON Google Play

Obair Beathaichean
Aodach Làithean
Dathan Cur-seachadan

DILUAIN

Stòrlann Bòrd na Gàidhlig

Gàidhlig nan Òg

www.gaidhlig-nan-og.scot

Giog Ort!

Filmichean goirid Gàidhlig

Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig
Bòrd na Gàidhlig
Comann nam Parant
Scottish Government Rìaghaltas na h-Alba gov.scot

A' tighinn a dh'aithghearr...

App Mothachais
Mindfulness App

www.gaelic.education/mothachas

Madainn math!
A' toiseachadh An Sgàthan
Eacarsaichean analachaidh Fuaimean
Cùrsaichean
Fois/sámhair Foces
Coibhneachan taingeal
Abairt an latha

#cleachdi

Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

Goireasan Gàidhlig

Goireasan Gàidhlig dhuinn uile
www.gaelic.education

<https://www.facebook.com/storlann/>



#cleachdi
aigantaigh

OIFIS INBHIR NIS

Àrd-oifigear:

Seumas Greumach

Oifigear a' Mhòid:

Seonag Anderson

Oifigear Thachartasan agus

Chonaltraidh Digiteach:

Rowan NicPhàdraig

An Comunn Gàidhealach
Taigh Bhaile an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR

Fòn: 01463 709 705

Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

OIFIS STEÒRNABHAIGH

Rùnaire a' Chomuinn:

Peigi NicLlinnein

Oifigear a' Mhòid:

Marina NicAoidh
(pàirt-ùine)

An Comunn Gàidhealach

Aonad 7a

7 Sràid Sheumais

Steòrnabhagh

Eilean Leòdhais

HS1 2QN

Fòn: 01851 703 487

Post-d: peigie@ancomunn.co.uk



Caledonian MacBrayne®
Hebridean & Clyde Ferries



#cleachdi
aigantaigh

